'S e dhreuchd a bhi co- hur na slainte ris an anam.

c) Tha abstolachd comhchean, a. ilte ri gràs.

Tha gradh Dhé ag eignea·hadh an anam gu flanuis a thogail, e. g. Bhan-samaritanach.

2. Tha iad le cheile 'guilan an aon toradh, 'UMHLACHD 'ETC.

a) Tha gràs a' gintinn creidimh.

b) Tha creidimh a' deanam an anam umhail.

c) Tha abstolachd co-ionnan ri saothair umhail do thoil Chriosd.

d) Cha-n urrainn saothair bhi a'r a dheanamh gun creidimh. (Eabh. 11:6.)

3. Tha iad le cheile 'g cur cliu air an aon ainm, Iosa.

Na rainig thu air gràs ?

Bheil do ghràs air a choimhlionadh ann an abstolachd ?

---

LEABHAR.

THE NONSUCH PROFESSOR IN HIS MERIDIAN SPLENDOUR; OR THE SINGULAR ACTIONS OF SANCTIFIED CHRISTIANS.

(REV Wm SECKER.)

'S ann 's a Bheurla tha leabhar-sa sgriobhte, agus air an sonhar sin tha sinn a' tabhairt 'ainm mar a tha e 's chana sin.

'S e leabhar iongantach a tha ann. Cha do leubh sinn leabhar riamh coltach ris ma dh' fhagas sinn a mach Gnath-fhocail Sholamh. Tha e lan de neamhnaidean ro-luachmor. Mar a chitear o ainm a leabhair 's e fior chriosduidh mu 'm beil e 'sgriobhadh gu sonruichte.

Tha e 'gabhail mar bhonn teagasg: "CIOD A THA SIBH A'DEANAMH THAR CHACH ?" Mat, 5 47.

Tha 'n toiseach an earrann air a fosgladh, agus an steigh-theagasg air a h-ainmeachadh. An sin tha an stéigh air a roinn an da phriomh cheann, se sin:

1. Mineachadh teagasg na h-earrann:

2. Co-chur teagasg na h-earrann.

Tha cheud cheann coltach r. gearradh na deise; agus an dara ceann coltach ri cur na deise mu neac .

Tha 'leabhar air a roinn ann an ceithir pairt, se sin, da phairt air son gach ceann de'n steigh.

I. cheud phairt. C'airson a tha Criosdiudhean gnàthach "thar chach ?"

1. Rinneadh barrachd air an son, eadhon trocair.

Mur a bi tro·air Dhe na cl lac'-iuil (loadstone) chum ar tarruing gu neimh, bidh i mar chlach-mhuilinn chum ar cur fodha do sgrios.

2. Tha iad ag uideachadh barrachd. Ged tha iad ad-ailich ann hach 'eil na fior chreidmh, id-eadh cha-n 'eil fior chreidea·h na h 'eil na fhear-aidich: Tha - chainnt agus a thoradh 'g a bhrath. Tha mhuinntir a fhuair tasdan-carlais Chriosd ain-deonach cogadh fo bhratach Shatain.

II. GU DE THA criosduidhean a' deanamh a bharrach air cach ?

1. Tha iad a' deanamh morsa maith ach beagan fuam.

Mi'n cealgair ùrnuigh mòran ni 's fhearr air Oisinnean nan sràid na ann an Oisinnean a tighe.

'S iad buidealan falamh is mo ni dh'fhuam; ach cuiridh soithea h làn tosd air fhuam fhein.

2. Tha an co-labhairt ma seach a' measg a chuideachd as dealrai·h. Tha so iongantach: oir, tha long a tha seoladh a' meas: a creag cunnartach air long-bhriseadh. Cha-n eil criosduidhean an comhnaidh coltach ris an teine a loisgeas ni 'g.